

# Buaidh cogaidh air an t-sluagh a bha a' bruidhinn Gàidhlig

Chaidh cleachdadh na Beurla mar chànan làitheil a **neartachadh** cuideachd nuair a dh'fhuirich **feachdan** Shasainn ann an ceann a deas na h-Alba an dèidh dhaibh buaidh fhaighinn sna cogaidhean.

Tha e coltach cuideachd gun deach an àireamh de **luchd-labhairt** na Gàidhlig ann an ceann a deas na h-Alba sìos air sgàth 's na chaidh a mharbhadh ann an cogaidhean.

**Thug seo ceannardan air falbh bhon t-sluagh agus bhiodh aig na boireannaich ri inimirichean – daoine a ghluais dhan àite – a phòsadh.**

